

## Gàidhlig An Àrd Ìre - Èisteachd - Mòr-bhùth

Tha Marc agus Ceit a' còmhradh mu mhòr-bhùth ùr a tha Superko an dùil a thogail air iomall a' bhaile.

**Marc:** 'S fhada bho nach fhaca mi thu a Cheit. Dè do chor?

**Ceit:** Tha deagh ghreis bhuidhe, Marc. Tha mise gu dòigheil. Ciamar a tha thu fhèin?

**Marc:** O, gu math, ach trang mar is àbhaist. Bha mi a' dol seachad, agus nuair a chunnaic mi an cafaidh, thàinig pathadh orm airson cupan cofaidh. Suidh sìos led chofaidh fhèin ach am faigh mi do naidheachd.

**Ceit:** A' bruidhinn air a bhith trang – sin mar nach eil an t-àite seo. Tha am baile seo a' bàsachadh air a chasan. Ach tha e sàmhach a-nise. Smaoinich. Baile Choilltinis. Sinne is coireach. Chan eil sinn a' frithealadh nam bùthan 's nan àitean beaga mar bu chòir dhuinn. Seall na tha air dùnadh dhiubh. Bha uair a bhiodh an cafaidh seo agus am baile a' cur thairis mun àm-sa den latha.

**Marc:** Tha mi cinnteach gum biodh e gu math na bu trainge nan dèanadh iad lùghdachadh air na prìsean. Cò ris a tha dùil aca? Tha a h-uile càil ann am meadhan a' bhaile fada ro chosgail. Smaoinich, faisg air dà nota air cupan beag cofaidh. Prìs gun chiall! Leth spàin de na gràineanan ruadha, dileag bheag de bhainne gallta agus uisge na cheann. Suas ri dà nota! Dearg mhèirlich!

**Ceit:** Tha thu cho connspaideach 's a bha thu a-riamh. Nach eil fios agad gu feum iad an aran làitheil a chosnadh.

# Bitesize

**Marc:** Gu dearbha cha chleithinn sin orra, ach tha diofar mhòr eadar ciall is cuthach! Ge-tà, chan fhada gus an atharraich cùisean. An cuala tu gu bheil Superko ag iarraidh bùth mhòr ùr a thogail aig Bun a' Bhealaich?

**Ceit:** Chuala mi sin, ceart gu leòr. Cluinnidh tu uiread de rudan, 's cha bhi fios agad an e fìrinn, fathann no breug a th' annta. Co-dhiù, cha d' fhuair iad aonta bhon Chomhairle fhathast, tha mi a' tuigsinn.

**Marc:** O, 's iad a fhuair! Chaidh na planaichean tron Chomhairle feasgar an-dè, agus sin gu h-aon-ghuthach.

**Ceit:** Dith mhòr na cèille, a' dol a thogail mòr-bhùth cho faisg ri sin air baile Choilltinis. Nì a' bhùth milleadh mòr air a' bhaile. Dè am feum a th' againne air bùth den t-seòrsa sin? Tha mi cinnteach gur e bogsa mòr gun dreach a bhios ann an togalach Superko. Tha mi a' dèanamh dheth gu bheil thusa ag aontachadh ris a' Chomhairle agus ri ceannardan Superko.

**Marc:** Is mi a tha. Carson nach bitheadh? Cha bhi ar pòcaidean buileach cho falamh nuair a thòisicheas sinn a' ceannach aig Superko. Bidh cafaidh aca mar phàirt den bhùth, agus theirinn gum bi cupan cofaidh gu math nas saoire na tha e an seo! Agus àite gu leòr do chàraichean cuideachd.

**Ceit:** Cùm do theanga! Dè mu dheidhinn na h-àrainneachd? Tha Bun a' Bhealaich àlainn, agus ainmeil airson nan lusan 's nam beathaichean fiadhaich a tha a' còmhnaidh ann. Na h-eòin. Nuair a thèid a' bhùth a thogail, cha chluinn thu tuilleadh iad aig Bun a' Bhealaich. Sgrios uabhasach! Bidh cus dhaoine agus chàraichean ann.

**Marc:** A Cheit. Nach eil a thìde agad gluasad a-mach às na Meadhan Aoisean, agus a-steach do linn an adhartais. Is dòcha nach tèid thu innte uabhasach tric, ach cuiridh mi fichead nota air a' gheall gur tu aon

# Bitesize

den chiad fheadhainn a thèid a-steach air starsach Superko nuair dh'fhosglas iad a' bhùth.

**Ceit:** Chan eil mi idir ag ràdh gum bi mi ga seachnadh buileach glan, ach cha dìochuimhnich mi na daoine ann am bùthan beaga Choilltinis a bha gam fhrithealadh fad bhliadhnaichean.

**Marc:** Feumaidh sinn uile ar cleachdaidhean atharrachadh, agus nam bheachd-sa feumaidh atharrachadh a thighinn air beatha an duine bhig ann an saoghal an duine mhòir.

**Ceit:** Tiud! Cha thairbhe dhuinn a bhith ag argamaid. Agus thòisich seo air sgàth prìs a' chofaidh sa chafaidh bheag seo - *An Teallach*.

**Marc:** Is math d' fhaicinn ge-tà. Mo chreach, seall an uair a tha e. Feumaidh mi togail orm. Bha an cofaidh glè mhath ged a bha a' phrìs rudeigin searbh.

**Ceit:** Beannachd leat, Marc. Is dòcha gun casg sinn ar pathadh le cofaidh a-rithist uaireigin eile. Ann am fuachd Superko,'s math dh'fhaodte!